

H.M. 40..

Associate Agent Registrations



250

CUNNTAS

ATHGHEARR

RIAGHAILTEAN EAGLAIS

AN T-SECESSION

MA'N D' AONTAICH AN ARD-CHUIRT,

NO

SEANADH,

Air a' sheithreamh la deug de Mhios Mheadhonach

AN FHOGHARAIDH, 1890.

AIR EADAR-THEANGACHADH LE

ALASTAIR MUNRO AGUS UILLIAM WOOD,

TEACHDAIREAN,

FOUGHDARAS

AN T-SIONAD CUIDEACHDAS AONAICHTE.

INBHIRNEIS:

CLODH-BHUAILTE LE R. CARRUTHERS, AIR SON NAN

EADAR-THEANGAIREAN.

1894.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

CUNNTAS

ATHGHEARR

RIAGHAILTEAN EAGLAIS

AN T-SECESSION

MA'N D' AONTAICH AN ARD-CHUIRT,

NO

SEANADH,

Air a' cheithreamh la deug de Mhios Mheadhonach

AN FHOGHARAIDH, 1820.

AIR EADAR-THEANGACHADH LE

ALASTAIR MUNRO AGUS UILLEAM WOOD,

TÈACHDAIREAN,

FOUGHDARAS

AN T-SIONAD CUIDEACHDAS AONAICHTE.

INBHIRNEIS:

CLODH-BHUAILTE LE R. CARRUTHERS, AIR SON NAN

EADAR-THEANGAIREAN.

1834.

CUNNTAS ATHGHEARR, &c.

“DHAONTAICH AN Ard-Chuirt gum bi na sgrìobhanan a leanas air am meas mar shuim ath-ghearr ar Riaghailtean mar Eaglais, agus mar sheoladh a chum buill og a ghabhail a steach d'ar comunn, a ta gu bhì air am meas mar mhuinntir a ta gabhail ris na Riaghailtean a fh'air an cuir sìos anns an leabhran bheag so a reir tomhas an eolais.”

AN ROIMH-RADH.

'S fhada bho bha suim athghearr Riaghailtean an t-Secession feumail araon airson a buill fhein, agus air an sonsan, mar an ceudna, nach 'eil de a comunn. Air son beagan uine bho thoiseachadh an t-Secession, bha iad eudmhor ann a bhì rann-sachadh aobharan an dealaichidh o chuirtibh Eaglais na h-Alba, ach feudaidh e bhì air a shaolsinn nach 'eil muinntir a nis cho eudmhor anns a chuis so 's a bha iad an uair sin.

Tha Leabhair Aidmheil Creidimh an Iar-Mhinisteir agus Leabhraichean farsuing agus athghearr nan Ceistean a cuir an ceill firinnean cho farsuing, agus nach urrainn a bhì air an tuigsinn, no air an cuimhneachadh gu furasda le moran. Tha aobharan an t-Secession bho Eaglais na h-Alba air an cuir sìos ann an Leabhraichean nach 'eil aig moran dhe 'n t-sluagh, agus nach do leugh iad riamh, agus ged a leughadh siad iad gum feudadh e bhì duilich dhoibh beachd shoilleir fhaotuin air aobharan an t-Secession. Air do'n chuis a bhì mar so, bhiodh e na bhuannachd mhòr do iomadh dhe bhuill Eaglais an t-Secession, suim athghearr bhì aca dhe an riaghailtean cho soilleir agus gum bhì e furasda dhoibh a thuigsinn, agus cho goirid agus gum bhì e gu furasda air a chuimhneachadh. Feudaidh a leithid do chuannas goirid dhe na riaghailtean so bhì feumail dhoibh-san, nach 'eil dhe chomunn an t-Secession. Cha bu choir Teistean-Eaglais do'n fhirinn a bhì air a folach ann an sgrìobhanaibh air nach urrainn moran ruigsinn no a bhacadh an leughadar le 'm meudachd, no a chuireadh troimh-cheile e le bhì tuilleadh is mion. Bu choir d'i bhì a leithid's gun feudadh na h-uile a leughadh agus a tuigsinn. Tha soirbheachadh aobhar Dhe a gairm air an t-Secession a Riaghailtean a chuir fa chomhair an t-saoghail air sheol cho goirid agus soilleir 's a dh'fheadar.

Dh'fheadadh leabhar de'n t-seorsa so bhì feumail aig am sam bith, ach tha e air a mheas gu h-araidh feumail, agus air iarraidh aig an am so, 'n uair a tha da thaobh an t-Secession (sin ri radh an t-Sionad bha reidh ri boid nan daoine saor ann am bailtean mor, agus an t-Sionad a bha an aghaidh na boid so) a nis air tionndadh gu bhì nan aon, oir feudaidh so moran a dheanamh dèigheil air aithne fhaotuin air na Riaghailtean air am bheil an

co-chordadh so air a bhonudachadh, agus tha gu bhi air an coimhid leo mar aon Eaglais. Se run na muinntir a chuir na Riaghailtean so ri cheile solus a thoirt do'n t-sluagh air na nithe so. Gidheadh feumaidh e bhi gu soilleir air a thuigsinn, nach 'eil an t-suim athghearr so gus an teistean is farsuing chuir air chul, no gu inntinn buill a chomunn a tharraing air falbh uaipe. Cha n 'eil an leabhran beag so a gabhail a stigh ann ach cunn-tas goirid air na nithe is cudromaiche, tha air an cuir sios anns an teistean as farsuing, ni a dh'fheudas cuid a sheoladh gus an teistean sin a rannsachadh i fhein, agus an t-eolas sin a thoirt do mhuinntir eile, ni dh'easbhuidh a leithid so a chobhair, nach biodh aca.

NA FIRINNE A THA EAGLAIS AN T-SECESSION MARAON RI EAGLAIS NA H-ALBA A TEAGASG.

1.—*Mu na Scriobtuiribh Naomha.*

'S iad Scriobtuire naomh an t-Sean-Tiomnadh agus an Tiomnadh Nuadh, a ta air an dearbhadh, gur iad focal Le, le mior-bhuilb—le co' lionadh fuidheadearachd—oidheirceas na firinnibh ta air an cuir sios anna—agus a bhuaidh bheannuicht' a ta iad a tabhairt a mach—a mhain is riaghailt creidimh agus cleachdaidh.

2.—*Mu Dhia.*

Cha'n 'eil ann ach aon Dia a mhain, a ta na Spiorad, a ta lathair anns na h-uile àit, a ta os cionn na-huile, bith-bhuan, neo-chriochnach ann an eolas, an cumhachd, an naomhachd, am maiteas, agus anns na h-uile ionlanachd eile. Anns an diadhachd 'ta Tri Pearsa, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh, 'ta iad 'nan aon ann am bith, agus mar Phearsa ta iad ionnan ann an cumhachd agus an gloir.

3.—*Mu Roimh Orduighibh Dhe agus an cuir an gnìomh.*

Dh'orduich Dia bho shiorruidheachd airson a ghloir fhein gu neo-chaochluideach, gach ni thig gu erioch agus an t-ordugh so tha e cuir an gnìomh anns a chruthachadh, anns an d'rinn e na h-uile nithe ro-mhaith ; agus 's an fhreasdal, anns am bheil e 'cu-mail suas agus a riaghladh gach ni a reir mar is toileach leis.

4.—*Mu cheud staid an duine agus a staid air dha tuiteam.*

Bha cheud duine air a chruthachadh ann an staid gu h-iomlan naomh agus sona, ach le Cumhant nan gnìomh a bhriseadh, a rinn Dia ris air a shon fein agus airson a shliochd nadurach, thug se e fein agus iadsan gu staid peacaidh agus truaighe. Ann an cor caillte, ta an cinne-daoine cionntach an lathair Dhe, agus tha an naduir gu h-iomlan millte, ionnas nach 'eil iad anns an

staid so a mhain neo-chomasach air oibre 'dheanamh a bhios taitneach do Dhia, ach 'ta iad mar an ceudna buailteach do pheanas aimseireil agus siorruidh; ní mo a bheil iad an comas iad fein a shaoradh o'n chor so.

5.—*Mu Shaorsadh.*

Air do Dhia na ghradh ard-uachdranach mun 'a thoisich an saoghal, cuid de'n chinne-dhaone a thaghadh a chum na beatha maireannaich, tre naomhachadh an Spioraid agus creidsinn na firinn, dh'intrig e ann an Cumhnant Grais r'a Mhac chum an saoradh. Air do Mhac Dhe an nadur daonnail a ghabhail, saor bho pheacadh, an aonachd r'a Phearsa Diadhaidh, agus air dha bhi air a lionadh leis an Spiorad Naomh 'san nadur sin, bha e mar so air a dheasachadh chum an obair a thug an t-Athair dha r'a dheanamh a chriochnachadh. Air dha, mar Urras a phobuill, bhi air a dheanadh fo'n lagh, thug e umhlachd gu h-ionmhan d'a aitheantaibh, agus dh'fhuiling e a mhallachd. Thug morachd a Phearsa leithid a luach dh'a obair a's gun robh reite air a deanamh airson an aingidheachd, agus beatha bhith-bhuair air a buannachd air an son. Air an treas la an deigh a bhais dh'eirich e a ris o na mairbh, agus an deigh sin chaidh e suas gu neamh. far am beil e a deanamh eadar-ghuidh air son a phobuill, a faghain gloire agus aoibhneas dha fein, a cuir an gníomh an cumhachd a thugadh dha leis an Athair air son maith na h-Eaglais; agus aig an la dheireannach thig e nuas thabhairt breith air an t-saoghal.

6.—*Mo cho-chuir na Saorsa.*

'Ta an t-slaime a choisneadh le Mac Dhe air a tairgsinn mar ghit neimh, do na h-uile a chluinneas an Soisgeul; agus is iad orduighean na diadhachd na meadhana o'n leth muigh leis am bheil iad air an caramh ris an anam.

Tha iad so air an deanamh eifeachdach leis an Spiorad Naomh, anns an ath-ghineamhuinn, trid am bheil am peacach air a shoillseachadh ann an eolas na firinn, trid am bheil impidh air a chuir air, agus air a dheanamh comasach teisteas De anns an t-Soisgeul a ghabhail, agus air a dheanamh gu spioradail beo do Dhia ann an naomhachd.

Nuair tre chreidimh a ghabhas duine ris an Tighearna Iosa, agus a ta air aonadh ris, air dha fhiriunteachd a bhi air a meas dha, tha a pheacadh air a mhathadh dha, tha e air a dheanamh taitneach, 'san Aon-Ghruidh, agus air a dheanamh na oighre air neamh.

Ta obair na naomhachd, th'air a toiseachadh anns an ath-ghineamhuinn, air a tabhairt air a h-aghaidh trid comh'pairteachadh bitheanta gras tearnaidh leis am bheil an creideach air a dhion, air a neartachadh, agus air sholasachadh gus am bheil e air ullachadh gu bhi air a ghiulan gu neamh,

Aig àm a bhais ta anama nan creidmheach air an deanamh foirfe ann an naomhachd, agus a dol a steach chum gloire, bithidh an ard-shonas air a dheanamh iomlan aig an la dheireanneach, 'n uair bbitheas an cuirp air an togail neo-thruaillidh; agus an deigh breth a bhi air a tabhairt orra, bithidh iad air an gabhail gu neamh, far am bi iad gu h-iomlan soua ann an lan-mhealtuinn Dhia troimh shiorruidheachd.

7.—*Mu chor nan As-chreidmheach.*

Ta iadsan nach gabh ris an Tighearna Iosa an Slanuighfhear tre chreidimh, ach a bhuanaicheas ann am mi-chreidimh agus eas-umhlachd, a meudachadh na truailleachd agus na truaighe a ta aca thaobh nadur, agus ag antromachadh am peanas a ta ri teachd; aig a bhas, theid an anama chum aite a phianaidh, an deigh sin eiridh iad chum nàire agus masladh; bithidh iad air an diteadh 'sa bhreitheanas; agus bithidh iad air an ioman air falbh chum truaighe shiorruidh.

8.—*Mu Chleachdadh na Diadhachd.*

Mar a ta creidimh as eug'ais oibre marbh, bu choir na Teagasgan a chuireadh sios a cheana muinntir a theorachadh, agus far am bi iad gu treibh-dhireach air an creidsinn, treorichidh siad iad gu caithe-beatha naomh, a ta gu bhi air a chumail suas ann an neart Grais De, cha'n ann mar ni a ta toilltinneach air bean-nachd sam bith, ach o spèis do dh'ughdaras De, o run graidh dha, air sgath glòir aium; mar dhearbhadh air creidimh anns a ghealladh, agus mar mheadbona sòlais 'san am a ta lathair, co math ri ullachadh air son neamh.

9.—*Mu ar Dleasnas do Dhia.*

Is coir seirbhis a dheanamh do Dhia, le bhi 'g farraidh eòlas air 'na oibrìbh, agus gu h-araidh 'na Fhocal,—le bhi 'rannsa-chadh na Scriobtuirean anns a bheil beatha mhaireannach againn —le urnuigh agus moladh, agus bu choir do na dleasnasa so bhi air an coimhid gu cunnabhallach ann an uaigneas agus 's an teaghlach. Bu choir do 'n aoradh fhollaiseach bhi gu coguiseach air a fhrithealadh. 'Tha an t-Sàbaid gu bhi air a naomhachadh leis an la gu h-iomlan a chaitheamh ann an seirbhis na Diadhachd, saor o 'n a mheud is a ta feumail a chaitheamh ann an oibrìbh na h-eiginn agus na trocair, agus le bhi seachnadh na h-uile smuaintibh agus comhradh saoghalta, maille ris gach cleasachd agus eatromachd.

Do bhrìgh 's gu bheil an t-aoradh so air a thoirt do Athair nan spiorada, bu choir ùmhlachd a chridhe bhi na chois le eòlas Airsan—le urram naomh Dha-san—le Esan a roghnachadh mar chuìbhrionn an anam—le teas-ghradh—le creidimh laidir, agus le sinn fein a thoirt suas d'a sheirbhis, agus d'a riaghladh-san.

A ta fo'n Tiomnadh Nuadh da Shacramaid dhe an goirear Baisteadh agus Suiper an Tighnearna ; Is Orduighean iad anns am bheil comharan faicsinneach a' samhlachadh nithe spioradal.

Anns a Bhaisteadh, 'ta bhi cuir uisge air a chorp ann an ainm an Athair, a Mhic, agus an Spioraid Naoimh, a' ciallachadh ionnlad an neach a th'air a bhaisteadh o a pheacaibh, agus a chuir air leth chum seirbhis Dhe. Ta an t-ordugh so gu bhi air a fhrithealadh, cha'n ann a mhain dhoibhsan a ta air teachd gu aois, agus a cheana a ta air an iompachadh, ach mar an ceudna do naoidheanaibh an dream a ta nan buill de'n Eaglais.

Tha Suiper an Tighearna gu bhi air a coimhid le creidmhich mar chuimhneachan air bas Chrìosd,—mar aideachadh follaiseach an creidimh annsan,—agus an umhlachd dh'a ughdaras, agus mar aidmheil de'n a cho-chomunn a ta aca Ris-sa agus r'a cheile. Anns an ordugh so ta aran agus fion a ciallachadh a chorp agus 'fhuil-sa; no an iobart a thug e suas aon uair air son peacanna dhaoine, ni a ta le uil' a bheannachdan air a nochdadh do chredmhich chum an creidimh a dhaighneachadh, agus an naomhachd a chur air adhart. 'Ta i air a mi-naomhachadh 'n uair a ta i air a coimhid ann au as-creidimh, no ann a bhi beo ann an cleachdadh a pheacaidh le fios. Roimh choimhead an ordugh so, bu choir dhuinn ar còr agus ar staid fa chomhair Dhia a mhion-rannsachadh, agus a ris a chuartaichadh ann an creidimh, gradh, aithreachas, agus ann a bhi g'ar cuir fein air leth do'n Tighearna.

10.—*Mu na Dleasasaibh tha dh'fhiachaibh air Crìosduidh dha fein.*

Is coir do chriosduidh mionnachadh mi-naomh, misg, agus neo-ghloine ann an cainnt agus giulan a sheachnadh, cuir as do na h-uile togradh ain-diadhaidh, agus na h-anamianna o'm bheil iad so, agus na h-uile peacadh eile a struthadh, a chlaoidh ; agus mar a ta Dia, a ghairm e, naomh, bu chòr dha-san bhi naomh ann an cridhe, agus anns na h-uile ghne chaithe-beatha ; a dean-amh dichìoll chum aithne fhaotuin air fhein, agus chum bhi beo ann an toileachas-inntinn, foighidinn, mineachd agus ann an gloine.

11.—*Mu ar Dleasasaibh do dh'aon cach e cheile.*

Ta iadsan a ta creidsinn ann an Dia, fo chomain araidh breugan ana-cainnt, ceilg, eas-onoir, aimhreite a chur air falbh. Is coir dhoibh bhi cuimhneachail air dleasasaibh an dreuchd fa leith, mar pharantan, no clann, companaich, no mnathan, maighstirean, no seirbhisich, luchd-riaghluidh, no iochdrana, ministeirean, no po-bull ; agus bhuineadh dhoibh iad so agus na h-uile seirbhis eile tha dh'fhiachaibh orra dh'an coimhearsnach, mar mhuinntir air am bheil eagal Dhia, agus ta deigheil air a dheanamh do dhaoibh eile, an ni sin bu mhath leo daoine eile a dheanamh dhoibhsan. Is coir dhoibh iad fein umhlachadh anns na h-uile ni laghail do dh'ughdaras ann an nithe aimseireil agus spioradal. Is coir dhoibh aon a cheile eideachd ann an gradh ; is coir dhoibh spiorad eud scriob-

turail altrum, air son na nithe a bhuineas do rioghachd an Fhìr-Shaoraidh, agus slainte a chinne dhacna a chuir air adhart.

Bu choir do na dleasnasaibh so uile bhì air an coillionadh le earbsa ann an gras Dhe agus a bhì air an tairgseadh dha airson gabhail riu troimh eadar-mheadhonarachd a Mhìc, neach a mhain air sgath am feud iad deagh-bheatha ghrasmhor fhaotuinn.

12.—*Mu'n Eaglais.*

Ta Eaglais Fhaicsinneach Chrìosd a co-sheasamh dhiubh-san uile, agus dhe an clann a ta deanamh aidheil de'n fhìor-dhiadhachd.

'Se an nì ris an abrar Co-chomunn Eaglais àraidh Cuideachdas fhollaiseach na muinntir sin a ta dhe 'n aon-inntinn a thaobh teagasg agus aoradh, agus riaghladh Eaglais Chrìosd, chum a bhì coimhid orduighean De; agus is coir dhoibh-san a ta air an gabhail a steach gus a Cho-chomunn so tomhas iomchuidh dh'eolas air nithe spioradal a bhì aca; agus is coir dhoibh aid-eachadh iomchuidh air an creidimh a dheanamh; agus a ta dh'fhìachaibh orra am beatla a chaitheamh gu cubhaidh do 'n t-seisgeul, agus a bhì umhailt do smachdachadh na h-Eaglais.

S'iad Luchd Dreuchd Eaglais Chrìosd Eildeirean Teagasg agus Eildeirean Riaghlaidh, agus Deacona.

Mar is e Foirm Riaghlaidh na h-Eaglais Phresbeterianach am foirm a mhain a ta Eaglais an t-Secession ag aideachadh bhì steighichte air, agus a reir focal De, uime sin a ta umhlachd air iarraidh do'n fhoirm sin bho a buill uile.

AOBHARAN AIRSON AN T-SECESSION.

Cha do thoisich an t-Secession do bhrìgh gun robh a ceud bhuill mì-thoilichte leis na riaghailtean a ta Eaglais na h-Alba ag aideachadh, riaghailtean air am bheil mor-mheas aig buill Eaglais an t-Secession mar shuim phrìosail a dh'fhìrìne Dhe, an nì gur e oighreachd is ro luachmhor a fhuair iad bho an aithrichibh; agus a ta iad iartanach a thoirt a mhain ann an gloine d'an cloinn. Ach airson beagan a dh'ùine, mun deachaidh an iomsgaradh bho Cho-chomunn Eaglais na h-Alba, bha tuil do dh'uile a struthadh a steach gus an Eaglais bho'n aireamh bu lionmhoire 'na Cuirtibh, muinntir, am feadh agus a bha iad a caomhadh an dream a bha mearachdach 'nan teagasg agus mì-riaghailteach ann an caithe-beatha, a chuir fo pobull Dhia a bha stri airson an sochairean spioradal, agus a chuir fo na Ministerean so a bha togail fianuis gu dileas an aghaidh foireigin na h-Eaglais.

Bha Ministear ann an Coilaist Ghlaschu, (d'am b'ainm Simson,) dh'am bu dreachd a bhì teagasg dhaoine oga airson na Ministeirealachd, a bha cumail amach, "gu bheil anmanna na

cloinne cho glan agus naomh ri anam Adhaimh 'n uair a chruthaich Dia e, air dhoibh a bhi air dheireadh air-san a mhain an so, gun robh esan air a chruthachadh 'na dhuine agus iadsan, 'nan cioch-ranaibh, agus gu bheil solus nadurach maille ri beul-aithris nì's leor chum a theagasg do dhaoinibh slighe na slainte, airson na teagasgan so a ta tilgeadh bun os ceann ceud-riaghailtean na Diadhachd, bha cuis-dhitidh air a toirt 'na aghaidh ann san do dhearbhadh gu soilleir, gun robh e ciontach dhe bhi teagasg na mearachdan so, agus mearachdan eile. Ach bha e co fada bho a bhi air a chuir fo'a smachdachadh a thoill e, 's gun robh e air a cheadachadh dha a dhreuchd a chumail anns a' Choilaist, agus 'san Eaglais, agus bha an Ard-Chuirt riarachta le bhi cuir an ceill gun robh cuid dhe bharailean-sa nach robh gu soilleir air an steighachadh air focal De, no feumail a bhi air an teagasg ; agus le a thoirmeasg bho bhi cuir an ceill gu follaiseach a leithid a bheachdan 'san ann ri teachd.

Tha an Leabhar dh'an ainm (Smior na Fìor Dhiadhachd) a teagasg "gu bheil Dia anns an t-soisgeul a deanamh git de'n t-Slanuigh'ear do chlànn daoine, mar pheacaich, agus a toirt barrant do na h-uile a ta cluinntinn an t-soisgeil a bhi creidsinn annsan airson slainte ; gu bheil creidmheich gu h-ìomlan, air an saoradh o'n lagh mar chumant gnìomh, agus nach 'eil deagh oibre gu bhi air an deanamh le creidmheich, chum gun coisinn iad slainte leo."

Lan-dhit an Ard-Chuirt na fìrinnean so, agus le so a dheanamh, dhìt iad cuid dhe na teaga-gan is cuidhromich a th'anns an t-soisgeul, mar a ta iad so, gu bheil gairm an t-soisgeil air a thoirt do na h-uile a chluinneas e, agus gur ann bho shaor-ghras Dhò a ta slainte pheacach ag eiridh.

Sa bhliadhna 1712, chuireadh air chois as ùr an lagh a ta toirt ughdaras do'n *Phatron* ministeirean a shuidheachadh 'san Eaglais, agus airson uine ghoirid an deigh sin, cha robh na ministeirean a fhuair coir bho 'n *Phatron* air a stiopan deonach air a gabhail, agus bha Cuirtean na h-Eaglais aindeonach a dhol air an aghaidh gus an suidheachadh far an robh muinntir na Sgìre a bha bàna, a cuir n'an aghaidh. Ach dh'fhas na daoine a fhuair coir bho'n *Phatron* agus na ministeirean, a chuid's a chuid, na bu neo-chogaisich anns a chuis so, agus bha caochla, an deigh sin air an suidheachadh ann an co-thionalan a bha togail an guth 'nan aghaidh, ni a bha dearbhadh gu soilleir nach robh speis gu bhi air a thoirt ni b'fhaide do choraichean buill na h-Eaglais. Bha an tomhas beag a dhughdaras a dh'fheadadh a bhi air fhagail aig amana do'n t-sluagh ann an roghnachadh an Teachdaran, air a thoirt air falbh le achd na h-Ard-Chuirt, a thug iad amach beagan mun do thoisich an t-Secession. Agus bha an achd so, a chomharaich, nam b'e agus gun robh am *Patron* a dearmad no diultadh a choir a chleachdadh, gum biodh am ministèir air a thaghadh leis a chuid bu mho dhe na h-Eildeirean agus

na *Heritearan*, nam bu *Phrotestanaich* iad, gu mi-laghail air a cuir air chois leis an Ard-Chuirt a thaobh gun robh a chuid bu mho dhe na Cleiribh, a thug am beachd air a phuinc gu buileach an aghaidh na h-achd.

Bha iomadh Ministeir diadhaidh agus dileas air an cradh airson na ceuman cul-sleamhnaichidh so, air do'n t-saorsa a bhi cuir air chuimhne an casaonta an aghaidh na h-uile-se ann an leabhraichean na Cuirt, a bhi air aicheadh dhoibh, leis a *Phàirti* bu lionmhor anns an Ard-Chuirt, cha d'fhagadh dhoibh seol air bith air cogais mhaith a ghleidheal, mach bho bhi togail fianuis an aghaidh nan cul-sleamhnichean so, 'nan *Cupaidean*. Ghabh iad, uime sin, an seol so; agus air do'n urramach *Ebenezer Erskine* na cul-sleamhnichean so a dhiteadh gu follaiseach, bha cuis-dhitidh air a cuir air chois 'na aghaidh, a chriochnaich air tus, ann, e fhein agus triuir dhe bhraithribh, viz,—(Na h-ur ramaich Uilleam Uilson, Alastair Moncrif, agus Seumas Fisear) a bha dhe'n aon inntinn ris san, a chur 'nan tamh bho bhi cuir an gnìomh oifig na mini-teircileachd, agus an deigh sin, ann am fuasgladh bho an Co-thionalaidh agus bho Eaglais na h-Alba.

Am feadh a bha an fhoirneart so a dol air a h-aghaidh, dh'aidich iad gu follaiseach gun robh iad a nis ann an staid dhealichte bho'n *pharti* bu lionmhor ann an Eaglais na h-Alba, agus mbeas iad gum b'e an dleasnas cuideachdas a dheanamh ri cheile mar Chuirt Chrìosd, airson an aobhair chudthromaich, anns an robh iad an sas, a chumail suas. Tha aobhar an t-Seccession air fas ni's treise bho'n am ud, oir ged tha Teachdairean an t-Soisgeil beagan ni's lionmhor o chionn ghoirid, ann an cuid a dh'aitean dhe'n Eaglais, ni anns am bheil sinn a deanamh gairdeachas, gidheadh feudaidh e bhi gu ceart air a chuir ann an amharas mar 'eil a cor a nis ni's niosa no'n uair a dheal- aich Aithrichean an t-Seccession ri a co-chomunn.

Bha mearachdan air an agair air caochla Ministirean bho'n am sin, airson an robh iad air an tarruing gu Cuirtibh na h-Eaglais, ach thaisben na Cuirtean so, bho uaduir na binne a thug iad a mach orra, an mor neo-chùram airson gloine na firinn.

Ann an iomadh Sgìre cha'n 'eil riaghailtean na h-Eaglais air an coimhead, agus cha'n 'eil uiread agus Eildeirean Riaghluidh a gabhail comhuidh ann an cuid dhinbh. Tha a bhi 'suidheachadh Ministirean an aghaidh toil an t-sluaigh a nis cho cumant agus nach 'eil moran mu dheighinn.

Air do'n t-sluagh a bhi air an cuir suarrach, tha iad aon-chuid a fagail na h-Eaglais, no a dunadh gu samhach ris a Mhinisteir a ta air a chuir a stigh orra; agus tha air aithneadh do na Ministirean a ta cuir an aghaidh na foireigean so frithealadh orra, agus mar so an gnuis a thoirt, le'n lathair, do'n ghnìomh a ta an cogais a ditheadh.

Uime sin, 's iad so ard-aobharan an t-Secession—1. Mearachd-an air am fulang gun achmhasan freagarrach. 2. Suidheachadh Ministerean le ughdaras a *Phatron* eadhon ann an co-thionalan tha togail an guth 'n an aghaidh. 3. Riaghladh na h-Eaglais a bhi aon-chuid, air a dhearmad, no gu fuasgailte air a fhrithealadh. 4. Saorsa a bhi air a toirmeasg do Theachdairean a bhi togail an guth an aghaidh mi-riaghladh. 5. Agus a *phairti* is lionmhor ann an Cuirtibh na h-Eaglais bhi diultadh bhi air an ath-leasachadh. Air son iad so, agus aobharan eile, a chum agus gun toir iadsan air adhairt obair an ath-leasachaidh anns an do shaothrich an *Aithrichean Diadhaidh* le teas-ghradh, dhealaich an t-Secession agus tha i fantuinn ann an staid dhealuichte bho Chuirtibh Eaglais na h-Alba.

MU ROINN AGUS AONADH EAGLAIS AN T-SECESSION.

Beagan bhliadhnachan an deigh do'n t-Secession toiseachadh, chaidh Sionad an t-Secession dhe cheile 'nam beachd mu thiom-chioll seadh earrainn do bhoid nan daoine saor ann am bailtean mora, ni a roinn an t-Sionad gu da bhuidheann.* Bha an roinn so na aobhar-chraidh do mhoran dhe phobull Dhia anns gach Sionad, agus bha caochla oidhearpean air an toirt gu a leighis, ach bha iad uile neo-eifeachdach. Mhair an roinn so os cionn tri fichead bliadhna a's deich 'n uair a sgaoil spiorad reite e fein ann an tomhas neo-chumant trid gach taobh dhe'n t-Secession. Chruinnich Ministerean agus pobull ann an ceann a cheile airson co-labhairt agus urnuigh air a phuing so, agus bha iartasan air an nochdadh do gach Sionad, bho aireamh mhor dhe cho-thionalaibh gach Sionad a' guidh orra na meadhonan a chleachdadh a dh'fhaodadh a bhi feumail chum aonachd a thoirt mun cuairt. Chuir an da Sionad an comhairle ri cheile air a chuis so, le eud agus cridhealachd; bha *Comati* air a chomhrachadh gu cruinneachadh agus bha an *Comati* so air a dheanamh suas dhe bhuilt gach Sionad, a dhullachadh bonn Scriobtarail air an cordadh iad ri cheile.

Le bhi dubhadh amach a bhoid* (mun do labhradh a cheana) ni a rinneadh a cheana ann an cuid dhe na h-Ard-bhailtean mar fhreagart do iartas Seisean gach Sionaide; agus le dubhadh a mach na boid so anns a chuid is mo dhe na bailtean, ni a lean

* 'S iad so briatharan na boid a bha 'nan aobhar-dealachadh do na braithrean.

“An so tha mi togail fianuis an lathair Dhia agus ann bhur lathair-sa mo 'Thighearnan, gu bheil mi ag aideachadh an fhior-dhiadhachd, agus ag aontachadh rithe le mo chridhe, mar a ta i air a h-aideachadh, aig an am so le ughdaras an lagh anns an Riaghachd so, leanaidh agus dìonaidd mi i gu crìoch mo bheatha ag cuir cul ri creideamh na Raimh d'an goirear Papanachd.”



bheagan an deigh sin, no le gearradh a mach an earrainn sin dhe'n bhoid a bha na meadhon buairidh do na braithean, thugadh as an rathad creap-tuislidh mor d'an aonadh; ionnas gun a bhi buntuin ri beachd uaigneach neach sam bith mu thumhchiell a phuing sin a b'aobhar do'n dealachadh bho cheile air tus, gun do choird iad mu dheireadh air bonn aonaidh d'an suim na leanas.

1. Gu bheil Sionad an t-Secession a meas Scriobtuirean a t-Sean Tiomnaidh agus an Tiomnailh Nuaidh mar an aon riaghailt creidimh agus cleachdaidh. 2. A meas Leabhar aidmheil creidimh an Iar-Mhinisteir agus Leabhraichean farsuing agus athghearran Ceistean mar a cuir an ceil an seadh anns am beil iad a tuigsinn na Scriobtuirean. 3. A meas gur e foirm riaghluidh na h-Eaglais *Phresbeterianach* gun uachdranachd oifig os cionn Ministeir, agus am foirm riaghluidh sin a ta co-sheasamh, ann an Seiseanan, Ceirean, Sionaidean, agus Ard-Shionaidean, an aon-foirm a ta iad-san ag aideachadh a bhi steighichte air, agus a reir focal De. Mairle ris an riaghailt airson aoradh Dhia a tha air a chuir sios ann an deireadh Leabhar aideachaidh creidimh Eaglais na h-Alba, mar cho-chruinneachadh de riaghailtean oirdheirc. 4. A meas, gu bheil aobharan an t-Secession bho'n P'uarti is lionmhor ann an Eaglais na h-Alba cho mor, mar 'eil ni's mo, no bha iad an toiseach. 5. Agus a meas, gum bheil gniotharan ar u-Aithrichean gu mor ri mholadh anns cho mor agus gun d'inntig iad ann an Cumhnantan airson cumail suas na Firinn, agus dion saorsa co-gais. 6. Agus a meas gu bheil Cumhnantachadh follaiseach jomchuidh 'n uair a ta guth Dhia anns an Fhreasdail a gairm air a shon.

Bha am bonn aonaidh so air a chuir fa chomhair an da Shionaid, agus an deigh uine a chaitheamh a smuanachadh agus a reasonachadh air, bha iad riarichte leis (thachair so 'sa bhliadhna 1820) agus an sin dh'aontaich iad ri cheile a bhi siubhal ann an Aon-Chomunn, fo'n Ainm Sionaid Cuideachdas Aonaichte (The United Associate Synod) agus gu ma h-e dhoibh gun gluais iad ann an gaol, agus an co-chomunn an t-soisgeil, gu durachdach a stri airson a chreidimh a thugadh aon uair do na naoimh.

*Air an tarruing bho Mhionaidean an t-Sionad Cuideachdas
Aonaichte le*

UILLEAM KIDSTON, D.D.

Cleireach na Sionaide.

* Bha a bhoid so air a dubhadh a mach gu'h-iomlan a lagh na Rìoghachd le nar Lagh-thabhartairean air 28th August, 1833.





